

## GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 1d dhen t-SAMHAIN 2020

### Ùrnaigh aig 7f

Tha Latha a' Chuimhneachaidh a' teannadh oirnn, agus bidh sin a' toirt dar cuimhne an fheadhainn a bha cudromach dhuinn, ach nach eil maille rinn tuilleadh. Ann an dòigh, tha an neò-làthaireachd aca a' sealltann dhuinn nas soilleire cho cudromach 's a bha am beatha dhinn, agus na rudan a rinn iad air ar son. Aig an aon àm, tha sinn a' cuimhneachadh an fheadhainn a dhealbhaich beatha na h-Eaglaise agus na coimhairsnachd, agus an creideamh a tha iad air a theagasth thairis air na linntean. Tha laoidh ainmeil sa Bheurla a' cur an cèill gu math taingealachd na h-Eaglaise air an son:

*Airson na naoimh, a tha a-nis aig fois,  
A dh'aidich d'ainm-sa fa chomhair an t-sluaigh  
Guma beannaichte d'ainm, o ìosa, gu bràth,  
Alleluia, Alleluia!*

Chì sinn an sealladh sin ann an Leabhar an Taisbeanaidh, le "co-chruinneachadh mòr, nach b' urrainn do dhuine sam bith àireamh, o gach nàisean is treubh is cinneadh is teanga, a' seasamh mu choinneamh na rìgh-cathrach agus mu choinneamh an Uain." Dhan fheadhainn a thàinig tron trioblaid mhòir, bidh an t-Uan "gam buachailleachd... agus suathaidh Dia air falbh a h-uile deur on sùilean." (Tais. 7: 9 - 7) Tha ar creideamh gar brosnachadh gus an sealladh sin a ghabhail, agus a roinneadh le daoine eile. Aig àm a' Chuimhneachaidh, roinneamaid gealladh làthaireachd agus slànochadh Dhè.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò,  
tha sinn a' tighinn a-steach dod làthaireachd,  
le fios nach eil sinn a' tighinn nar n-aonar,  
ach ann an companachd nan naomh,  
agus neul cho mòr de dh'fhianaisean a chaidh romhainn.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
tha sinn a' tighinn a-steach dod làthaireachd,  
agus a' cuimhneachadh an fheadhainn a thug beatha agus altram dhuinn.  
Tha sinn a' cuimhneachadh an fheadhainn nach eil còmhla rinn tuilleadh,  
agus tha sinn a' toirt taing dhut airson am beatha.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheo,  
Tha sinn a' tighinn a-steach dod làthaireachd,  
agus tha sinn ag ùrnaigh airson na feedhainn a tha air an luchd-gràidh a chaill.  
Tha sinn a' guidhe ort gum bi iad a' faireachdainn làthaireachd  
an Aoin a bhios a' suathadh air falbh a h-uile deur on sùilean.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Tha sinn a' tighinn a-steach dod làthaireachd,  
a' cluinntinn a-rithist gealladh do làthaireachd maireannaich.

Air ar sgàth fhèin, agus air sgàth daoine eile,  
tha sinn ag guidhe ort gum faigheamaid eòlas air gealladh slànachadh Dhè.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Tha sinn a' tighinn a-steach dod làthaireachd,  
agus a' seinn nar cridheachan laoidhean dod chliù.  
Tha sinn a' togail ar cridheachan, a' feitheamh gus an latha anns an seinn sinn iad ann an nèamh,  
gan seinn don Athair, don Mhac agus don Spiorad Naomh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:  
An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thisionalach ann an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh

le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)